

Comhairle nan Leabhraichean

Tuairisgeul Obrach: Oifigear Reic is Margaidheachd

Tìotal na Dreuchd	Oifigear Reic is Margaidheachd
Ceann-latha Tuairisgeul Obrach	04 Ògmhios 2019
Ceann-latha airson Thagraidhean	21 Ògmhios 2019
A' freagairt gu	Stiùiriche Chomhairle nan Leabhraichean
Raon Tuarastail	£19,945 - £23,836

Prìomh adhbhar na h-Obrach

Tha àite aig an Oifigear Reic is Margaidheachd a tha deatamach ann an obair Chomhairle nan Leabhraichean, a' phrìomh bhuidheann airson litreachas na Gàidhlig, airson dàimhean a stèidheachadh agus a leasachadh le foillsichearan agus luchd-reic leabhraichean, ìrean reic a mheudachadh agus ìomhaigh Chomhairle nan Leabhraichean àrdachadh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta, le bhith a' leasachadh làthaireachd na buidhne air-loidhne agus anns na meadhanan sòisealta agus làthaireachd na Gàidhlig aig tachartasan litreachais agus cultarach.

Prìomh dhleastanasan is uallaichean

- Eòlas iomchaidh air litreachas na Gàidhlig, agus gu sònraichte air an stoc de leabhraichean a bhios Comhairle nan Leabhraichean a reic.
- Stiùireadh ro-innleachd reic is margaidheachd Chomhairle nan Leabhraichean agus obair làitheil air margaidheachd, adhartachadh agus reic leabhraichean Gàidhlig agus seirbheisean Chomhairle nan Leabhraichean.
- Ìrean reic a mheudachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil prìomh thargaidean agus dhòchasan Chomhairle nan Leabhraichean agus nam prìomh luchd-ùidhe air an coileanadh taobh a-staigh nan goireasan a tha ri làimh.
- Dàimhean sàr-mhath a thogail taobh a-staigh agus taobh a-muigh na buidhne gus cuideachadh le toraidhean reic is margaidheachd Chomhairle nan Leabhraichean a leasachadh.
- Dàimhean làidir a leasachadh le luchd nam meadhanan gus dèanamh cinnteach à sanasachd èifeachdach agus adhartachadh air leabhraichean Gàidhlig agus tachartasan Chomhairle nan Leabhraichean.
- Iomairtean margaidheachd èifeachdach airson seirbheisean Chomhairle nan Leabhraichean innleachadh agus a stiùireadh aig ìrean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.
- Dèanamh cinnteach gum bi foillsichearan agus luchd-ùidhe eile a' faotainn fiosrachadh gu cunbhalach agus ann an àm a thaobh shuidheachaidhean is aomaidhean margaidh san fharsaingeachd, còmhla ri fiosrachadh mu thiotalan sònraichte.
- Dàimhean-obrach math a stèidheachadh leis na h-àiteachan reic as coltaiche do leabhraichean Gàidhlig.
- Stiùireadh a ghabhail os làimh air eagrachadh cho-labhairtean, coinneamhan luchd-cleachdaidh agus fèilltean leabhraichean.
- An làrach-lìn agus na meadhanan sòisealta aig Comhairle nan Leabhraichean a cho-òrdanachadh agus a leasachadh gus obrachadh èifeachdach a dhèanamh comasach air an taobh a-staigh agus oidhirpean reic is margaidheachd na buidhne a làn-mheudachadh.

- Cothroman feabhasachaidh leantainneach a chomharrachadh, a leasachadh agus a thoirt gu buil, agus an dòigh-cleachdaidh as fheàrr a rannsachadh a leanas gu na toraidhean reic leabhraichean as fheàrr.
- Pròiseactan sònraichte reic is margaidheachd a libhrigeadh agus poileasaidhean, pròiseasan, siostaman, aithisgean agus pàipearan-deasbaid co-phàirteach a leasachadh ann an co-chomhairle leis an Stiùiriche agus mar a bhios a dhìth air an Stiùiriche agus an luchd-obrach.
- A bhith gu gnìomhach a’ sireadh agus a’ comharrachadh chothroman maoineachaidh do raon phròiseactan Chomhairle nan Leabhraichean.
- A bhith ag obair le foillsichearan Gàidhlig gus taic a thoirt dhaibh ann am meudachadh comas reic nan leabhraichean Gàidhlig aca.
- An Stiùiriche agus buill eile den sgioba a chuideachadh gus poileasaidhean agus ro-innleachdan a leasachadh airson taic a chur ri amasan is cinn-uidhe Chomhairle nan Leabhraichean.
- A bhith a’ cur ri cultar a tha stèidhichte air obair-sgioba tarsainn gnìomhachdan obrachaidh is ro-innleachdail Chomhairle nan Leabhraichean.
- Cumail ri buidseatan aontaichte agus ag aithris air na targaidean coileanaidh reic is margaidheachd a chaidh aontachadh.
- Taic a thoirt mar a bhios iomchaidh don Oifigear Reic agus Ionmhais aig amannan saor-làithean.
- Dleastanasan is uallaichean a ghabhail os làimh – cuid a bhios taobh a-muigh uairean obrach àbhaisteach – a tha reusanta taobh a-staigh an raoin-obrach a thathar a’ dùileachadh bhon neach san dreuchd agus a tha co-ionann ri inbhe na dreuchd.

Teisteanasan is Riatanasan na Dreuchd

- Thathas an dùil gum bi an neach a chuirear an dreuchd na cheumnaiche no neach aig a bheil eòlas obrach iomchaidh. Tha cùl-raoin agus eòlas ann an stiùireadh pròiseict, a’ gabhail a-steach margaidheachd ann am foillseachadh no gnìomhachas coltach ris, na fheart ion-mhiannaichte.
- Thathas a’ sireadh oifigear eòlach is èifeachdach, le inbhe àrd de fhèin-spreagadh, sgilean tionnsgalach, a tha comasach air uallach na h-obrach a làimhseachadh gun mhòran stiùiridh dìreach, agus a tha comasach air tagraidhean maoineachaidh, aithisgean pròiseict agus sgrìobhainnean ullachadh gu àrd-ìre.
- Bu chòir do thagraichean a bhith comasach ann an cleachdadh Microsoft Office (gu h-àraid Word, Excel agus PowerPoint) agus a bhith eòlach air na meadhanan sòisealta agus prògraman dealbhaidh Adobe (gu h-àraid InDesign, Illustrator agus Photoshop) ach tha trèanadh ri fhaighinn ma tha feum air.
- Tha e riatanach gum bi sgilean conaltraidh àrd-ìre aig an tagraiche ann an Gàidhlig agus Beurla. Ann a bhith a’ dèiligeadh le luchd-ceannach agus luchd-ùidhe feumaidh an neach san dreuchd a bhith tuigseach, mothachail, sùbailte agus cothromach, le sàr-sgilean eadar-pearsanta.
- Tha e riatanach gum bi an neach san dreuchd comasach air obair gu h-èifeachdach ann am buidheann carthannais le gnìomhachdan cultarach agus coimearsalta. Tha feum air dòigh mhothachail agus tuigse air nàdar foillseachaidh Gàidhlig ann an Alba agus air an dleastanas gun choimeas a tha aig Chomhairle nan Leabhraichean. Tha e na phrìomh dhùbhlann san dreuchd seo co-chothrom a chumail eadar cinn-uidhe chultarach agus choimearsalta Chomhairle nan Leabhraichean.

- Bu chòir don neach san dreuchd a bhith comasach air lìonraidhean agus com-pàirteachasan seasmhach is èifeachdach a chruthachadh agus a leasachadh, a leudaicheas gnìomhachdan Chomhairle nan Leabhraichean.
- Bidh aig an neach san dreuchd ri dealas a thaobh obair is lèirsinn Chomhairle nan Leabhraichean a thaisbeanadh, a chionn 's gu bheil seo co-cheangailte ri leasachadh air foillseachadh Gàidhlig agus ri taic do leughadh is litearrachd na Gàidhlig. Mar sin, feumaidh an neach a chuirear san dreuchd a bhith dìoghrasach, cruthachail agus làn spionnaidh gus làn chomais na dleistanais seo a leasachadh.
- Bu chòir do chead-dràibhidh a bhith aig an neach san dreuchd, cothrom air càr agus comas air siubhal gu coinneamhan, taisbeanaidhean agus fèilltean leabhraichean, is eile.

Cùmhnantan Seirbheis san Fharsaingeachd

- Bidh an tuarastal dhan dreuchd seo san raon £19,945-£23,836.
- Is e 25 latha an làn-chòir air fòrladh sa bhliadhna (ag èirigh gu 30 latha an dèidh seirbheis còig bliadhna) a thuilleadh air na làithean poblach àbhaisteach (12 làithean).
- Tha sgeama peinnsein (QWPS) aig Comhairle nan Leabhraichean agus thèid an neach san dreuchd a chlàradh air an sgeama seo às dèidh trì mìosan.
- Tha uairean obrach àbhaisteach eadar 09.00 agus 17.00 Diluain gu Dihaoine. Tha tomhas de shùbailteachd sna h-uairean obrach sin le tìde dheth mu choinneamh corra àm obrach air an fheasgar no aig an deireadh-seachdain. Bidh am prìomh àite obrach aig oifis Chomhairle nan Leabhraichean aig 32 Sràid Achadh a' Mhansa an Glaschu.
- Bidh an t-Oifigear Reic is Margaidheachd cunntachail don Stiùiriche.
- Is e dreuchd làn-ùine a tha seo agus cha bhi cead aig an neach san dreuchd obair sam bith eile a ghabhail os làimh a bhios ann an còmhstri ri, agus/no a tha neo-chunbhalach le an dleastanas mar sheirbheiseach do Chomhairle nan Leabhraichean.
- Faodaidh an dreuchd a toirt gu crìch air taobh seach taobh, le brath aon mhìos a thoirt seachad. Bu chòir gur e mìos slàn a bhiodh an seo, a' fàgail às saor-làithean.
- Is e sia mìosan an ùine pròbhaidh san dreuchd seo.
- Cuirear a-mach cunnradh cosnaidh mionaideach chun an tagraiche shoirbheachail.

Tagraidhean

Bu chòir tagradh airson na h-obrach le làn-chunntas beatha (CV) a chur a-steach, agus litir a' mìneachadh carson a tha thu freagarrach airson na dreuchd seo agus mar a chuireas tu ri obair is lèirsinn Chomhairle nan Leabhraichean.

Bu chòir ainmean dithis luchd-taic a chur ri na tagraidhean, ris am faod sinn dèiligeadh airson tuilleadh fiosrachaidh ma thèid agallamh a thairgsinn dhut.

Is e 5.00f air Dihaoine 21 Ògmhios 2019 an latha deireannach airson tagraidhean. Bu chòir an cur gu:

Alison Lang, Stiùiriche

Comhairle nan Leabhraichean

32 Sràid Achadh a' Mhansa

Glaschu G11 5QP

no gu alison@gaelicbooks.org

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu Chomhairle nan Leabhraichean ri fhaotainn aig: www.gaelicbooks.org